

Cuspair Clàir-ghnothaich	7
Àir. Aithisge	G/07/24

## COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 29 Cèitean 2024

Tìotal Aithisge: Plana na Gàidhlig agus Maoineachadh Ro-innleachdail

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

### 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- Thèid cunntas labhairteach a thoirt seachad mu adhartas a thaobh pròiseas measaidh agus aontachaidh Bhòrd na Gàidhlig airson Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29.
- Tha an aithisg seo cuideachd a' toirt fiosrachadh do bhuill mu ath-structaradh Mhaoin nam Planaichean Gàidhlig (air an robh GLAIF roimhe) gu dà shruth:
  - Sruth Ro-innleachdail
  - Sruth Phròiseactan

### 2. Molaidhean

- Thathar ag iarraidh air Buill:
  - toirt fa-near dhan aithisg.

### 3. Buaidhean

- Goireas  
Thèid maoineachadh airson buileachadh Plana na Gàidhlig a shireadh bho Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd agus sruthan maoineachaidh eile, far a bheil sin iomchaidh.
- Laghail  
Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd Plana Gàidhlig fhoillseachadh is a bhuileachadh a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ('Achd 2005').
- Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)

Tha an aithisg a' gèilleadh ri poileasaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd mu ch-ionannachd.

- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach  
Bidh Sgioba na Gàidhlig a' frithealadh choinneamhan air-loidhne, mar sin a' lùghdachadh feum air siubhal airson gnìomhachas.
- 3.5 Cunnart  
Nach eil na builean a tha air am mìneachadh ann am PG 2024–29 air an coileanadh.
- 3.6 Gàidhlig  
'S e frèam reachdail a th' ann am Plana na Gàidhlig tro am bi Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt taic do chànan is chultar na Gàidhlig. Mar sin, tha deagh bhuaidh aig an aithisg seo air a' Ghàidhlig.

#### **4. Cunntas às Ùr mu Phlana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29**

- 4.1 Thèid cunntas labhairteach a thoirt seachad mu adhartas a thaobh pròiseas measaidh agus aontachaidh Bhòrd na Gàidhlig airson an dreachd Plana Gàidhlig 2024–29.

#### **5 Maoin nam Planaichean Gàidhlig – Sruth Ro-innleachdail**

- 5.1 Tha Maoin nam Planaichean Gàidhlig (MPG) fo rianachd Bhòrd na Gàidhlig agus tha i air a dealbhachadh gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh an cuid gealltanasan a thaobh nam planaichean Gàidhlig aca.

Am-bliadhna, ruithidh an sgeama ann an dà shruth a thathar a' mìneachadh [an seo](#):

- Sruth Ro-innleachdail – airson sia ùghdarrasan ionadail a tha air am meas freagarrach
- Sruth Phròiseactan – airson buidhnean poblach eile le planaichean Gàidhlig

- 5.2 'S iad na sia ùghdarrasan ionadail a dh'fhaodas iarrtasan a chur a-steach tron t-Sruth Ro-innleachdail:

- Comhairle nan Eilean Siar
- Comhairle na Gàidhealtachd
- Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
- Comhairle Baile Ghlaschu
- Comhairle Baile Dhùn Èideann
- Comhairle Lannraig a Tuath

Bha na h-ùghdarrasan ionadail seo air am meas freagarrach air sgàth nan àireamhan iomlan aca de luchd-labhairt na Gàidhlig, a rèir nan àireamhan a b' ùire a bha rim faotainn bhon cunntas-shluaigh, àireamhan sgoilearan ann am foghlam tron Ghàidhlig agus taic a bha iad a' faighinn roimhe tro MPG/GLAIF.

- 5.3 Bidh Sruth Phròiseactan ri fhaotainn do dh'ùghdarrasan poblach eile nach eil a' faighinn cuireadh iarrtas a chur a-steach tron t-Sruth Ro-innleachdail. Mar thoradh, cha ghabh Bòrd na Gàidhlig iarrtasan bho Chomhairle na Gàidhealtachd no bho bhuidhnean leth-eisimeileach co-cheangailte, a leithid High Life na Gàidhealtachd, tron t-Sruth Phròiseactan.

- 5.4 Tha Bòrd na Gàidhlig mar sin air cuireadh a thoirt do Chomhairle na Gàidhealtachd iarrtas a chur a-steach fon t-Sruth Ro-innleachdail gun a bhith nas anmoiche na 30 Cèitean 2024. Chaidh iarraidh air Comhairle na Gàidhealtachd aon iarrtas a chur a-steach a bheir fiosrachadh seachad mu phrògram obrach trì bliadhna a chuireas ri libhrigeadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2023–28 agus Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29.
- 5.5 Tha Bòrd na Gàidhlig air iarraidh gum bi structar an iarrtais air a thogail timcheall air raointean obrach. 'S e sruthan fa leth de dh'obair leasachaidh a bhios an seo, a bhios Comhairle na Gàidhealtachd a' gabhail os làimh airson na Gàidhlig agus dhan bheil maoinachadh air a shireadh bho Bhòrd na Gàidhlig. Airson gach raon obrach, chaidh iarraidh oirnn tuairisgeul a thoirt seachad dhen obair agus na thèid a choileanadh tron obair, dè na gnìomhan bho Phlana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29 no bho Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a bhios a' faighinn taic bhon obair, na daoine a bhios an lùib a bhith a' libhrigeadh na h-obrach seo, foir-shealladh de na cosgaisean, agus iarrtas maoinachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig airson na h-obrach agus mar a bhios buaidh na h-obrach air a mheasadh.
- 5.6 Tha Bòrd na Gàidhlig air iarraidh gun tèid an t-iarrtas a leasachadh air stèidh duais de mu £60,000 gach bliadhna (iomlan de £180,000 thairis air trì bliadhna). Tha an t-sùm seo stèidhichte air an taic thabhartais a bhathar a' faotainn roimhe tro MPG/GLAIF agus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an sgìre na Gàidhealtachd.
- 5.7 A bharrachd, bidh sùm de £50,000 gach bliadhna (iomlan de £150,000 thairis air trì bliadhna) ri faotainn airson taic a chur ris an roinn 0–3 ann an sgìre na Gàidhealtachd.

## **6. Buil an Iarrtais Mhaoineachaidh**

- 6.1 Tha Bòrd na Gàidhlig air iarraidh gun cuir Comhairle na Gàidhealtachd a-steach iarrtas maoinachaidh gu Sruth Ro-innleachdail MPG gun a bhith nas anmoiche na 30 Cèitean 2024.

Thèid cunntas às ùr mun iarrtas a thoirt seachad aig coinneamh Chomataidh na Gàidhlig san àm ri teachd.

Ainmeachadh:

Ceann-latha: 29 Giblean 2024

Ùghdar: Eoina Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: